

Dol an sàs leantainneach air ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd ann an Comhairle nan Eilean Siar

2 Dùbhlachd 2019

for Scotland's learners with Scotland's educators
do luchd-ionnsachaidh na h-Alba le luchd-foghlaim Alba

Clàr-innse

- 1. Dè cho math 's a tha an ceannardas ro-innleachdail air ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd?1
- 2. Dè cho math 's a tha an t-ionnsachadh agus an leasachadh sa choimhearsnachd seo?.....2
- 3. A bheil stiùir shoilleir aig coimhearsnachd Comhairle nan Eilean Siar?3
- 4. Dè a thachras a-nis?.....3

1. Dè cho math 's a tha an ceannardas ro-innleachdail air ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd?

Tha àrd-cheannardan a' leantainn orra a' cur luach air an dleastanas a tha ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd (CLD) a' coileanadh ann a bhith a' cur ri prìomhachasan an ùghdarrais ionadail agus Plana Leasachaidh Bhuilean Ionadail (LOIP). Tha seo a' gabhail a-steach an obair aca ann a bhith a' cur choimhearsnachdan an sàs mar phàirt den phròiseas chruth-atharrachail làithreach anns a bheil a' chomhairle an sàs. Ach, tha riaghlachas CLD fhathast na raon brìgheil a tha a' cur feum air leasachadh. Aig an àm a tha an làthair, chan eil modhan làidir ann an àite gus barantas a thoirt do dh'àrd-cheannardan gu bheil solar CLD a' coinneachadh gu math ri feumalachdan tùs-amasail. Tha an t-ùghdarras ionadail air glè bheag de dh'adhartas a dhèanamh ann a bhith a' comharrachadh prìomhachasan co-roinnte CLD. Tha aithisgean fhathast rin ullachadh mu adhartas a thaobh plana CLD 2015-18, no den chiad bhliadhna de phlana CLD 2018-21. Tha seo a' cur bacadh air comas cheannardan a bhith a' sgrùdadh èifeachdas planaidh CLD. Tha feum ann gun tig com-pàirtichean còmhla gus modhan-obrach a leasachadh a thaobh a bhith a' comharrachadh cunnart agus maothachadh. Bheireadh seo taic dhaibh ann a bhith a' dèiligeadh còmhla ri chèile ri cùisean coitcheann a tha a' toirt buaidh air càileachd agus meud an t-solair leithid an duilgheadas a tha aca ann am fastadh dhaoine airson cuid de dhreuchdan. Tha ceannardan CLD mothachail don fheum leantainneach air modh-obrach nas rianail a leasachadh a thaobh fèin-luachaidh cho-roinnte an dà chuid taobh a-staigh sheirbheisean CLD an ùghdarrais ionadail agus thairis air com-pàirtichean CLD. Tha a bhith a' leasachadh co-òrdanachadh co-roinnte air cothroman trèanaidh fhathast na raon airson obair gnìomh.

Tha an fheallsanachd dheimhinneach a thaobh a bhith ag obair ann an com-pàirteachas a' maireachdainn làidir. Tha Fòram na Hearadh agus an Com-pàirteachas CLD ann am Barraigh agus Bhatarsaigh a' leantainn orra ag obair gu math mar mar fhòraman com-pàirteachais. Tha seo a' toirt cothrom do chom-pàirtichean a bhith a' cruthachadh phlanaichean gnìomha co-roinnte agus taobhan den obair adhartachadh. Tha ciad choinneamhan air an cumail gus com-pàirteachasan CLD a stèidheachadh ann an Leòdhas agus Uibhist. Tha feum air beachdachadh ciamar a bheir na com-pàirteachasan sgèireil sin taic do cho-òrdanachadh, planadh agus aithriseadh air CLD thar roinn Chomhairle nan Eilean Siar. Bu chòir do chom-pàirtichean a-nis comharrachadh gu soilleir na dreuchdan agus na h-uallaichean a tha aig gach buidheann com-pàirteachais a tha ann agus feadhainn a tha a' tighinn gu bith gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh uile luach a chur ris agus dùblachadh a sheachnadh. Tha luchd-obrach CLD a' leantainn orra a' coileanadh prìomh dhreuchd ann an Com-pàirteachas Sgìre Shiar Steòrnabhaigh. On a chaidh a' chiad sgrùdadh a dhèanamh tha conaltradh air a thighinn air adhart eadar an t-seirbheis CLD agus prìomh chom-pàirtichean. Tha a bhith a' cur luchd-obrach CLD gu sgìrean sònraichte a' tòiseachadh a' leasachadh a' cho-òrdanachaidh air obair aig ìre coimhearsnachd. Tha an luchd-stiùiridh a' leantainn orra a' cur luach air guth na h-òigridh agus na coimhearsnachd agus tha seo a' faighinn deagh thaic agus tha e làidir. Mar eisimpleir, thug Comann nam Pàrant ann an Steòrnabhagh gu soirbheachail dùbhlán do cho-dhùnaidhean an ùghdarrais ionadail a thaobh atharrachaidhean ann a bhith a' libhrigeadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am P1. Tha am buidheann a-nis a' cuimseachadh air a bhith ag àrdachadh tairgse an fhoghlaim agus air maoinachadh fhaighinn airson oidean gus clann ullachadh airson a' Mhòid ionadail. Tha co-chomhairleachaidhean agus conaltraidhean coimhearsnachd fhathast air an dèanamh gu riaghailteach le raon de chom-pàirtichean gus feumalachdan a chomharrachadh agus cur ri prìomhachasan airson gnìomhachadh. Tha na beachdan a thathar a' cruinneachadh a' sìor thoirt buaidh air tùs-amasan agus planadh na comhairle, ged nach eil seo an-còmhnaidh soilleir do luchd-ùidhe. Tha feum ann fhathast air a bhith a' leasachadh co-òrdanachadh nan

co-chomhairleachaidhean agus a bhith a' co-roinn nan toraidhean gus dùblachadh a sheachnadh agus cunnart a lùghdachadh a thaobh taic muinntir an àite a chall.

2. Dè cho math 's a tha an t-ionnsachadh agus an leasachadh sa choimhearsnachd seo?

San fharsaingeachd, tha càileachd nam prògraman ionnsachaidh a tha air an lìbhrigeadh le com-pàirtichean CLD a' leantainn air adhart a bhith de dheagh inbhe. Tha an raon fharsaing de sholaraichean CLD, a' gabhail a-steach mòran de bhuidhnean ionadail agus saor-thoileach, a' leantainn orra a' tabhann chothroman ionnsachaidh coimhearsnachd luachmhor. Bidh luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' dèiligeadh gu math le bhith a' coinneachadh ri feuman a tha air an ainmeachadh agus tha an solar ùr a tha a' tighinn mar thoradh air sin ag àrdachadh an ionnsachaidh iomlan a tha air a thabhann. Mar eisimpleir, bidh am buidheann Chill Out ann an Àrd-sgoil MhicNeacail a' toirt taic do dhaoine òga gus an cuideachadh le faighinn thairis air cùisean mar slàinte inntinn, sunnd agus misneachd. Tha am buidheann òigridh a chaidh a stèidheachadh o chionn ghoirid Leasbach, Gèidh, Dà-sheòrsach is Tar-ghnèitheach, Cuidhir, Eadar-ghnèitheach (LGBTQI) na àite sàbhailte do dhaoine òga gus caraidean a dhèanamh agus a thighinn còmhla gus am fulangas a thogail suas. Tha am buidheann for-ghniomhach ann a bhith a' planadh ciamar a bheir iad taic do fhulangas agus a dh'àrdaicheas iad ionnsachadh dhaoine eile. Tha co-obrachadh eadar luchd-obrach seirbheis CLD agus feadhainn a tha ag obair tro Maoineachadh Cothromas Sgoilear (PEF) a-nis stèidhichte. Tha seo a' tabhann tuilleadh taic do chlann agus daoine òga a tha a' dol air adhart chun na h-àrd-sgoile agus a' cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri cùisean prìomhachais mar a bhith a' lùghdachadh acras aig àm saor-làithean. Tha com-pàirtichean a-nis a' pìleatadh caochladh chothroman ionnsachadh teaghlaich agus ionnsachadh phàrantail mar fhreagairt air beàrn a chaidh a chomharrachadh san t-solair. Tha Ionad Òigridh Pointers ag obair ann an com-pàirteachas leis An Lanntair agus an NHS gus a bhith a' libhrigeadh a' phròiseict ionnsachadh teaghlaich Full Circle airson màthraichean òga. Tha màthraichean deimhinneach mun phrògram a tha a' leasachadh an lìonra shòisealta agus a' toirt taic comhaoise.

Tha buidhnean coimhearsnachd agus saor-thoileach agus luchd-obrach saor-thoileach a' leantainn orra a' tabhann raon saidhbhir de sheirbheisean, a' toirt taic do ionnsachadh agus ag àrdachadh an coimhearsnachdan. Tha com-pàirtichean leithid nan Urrasan Leasachaidh an dà chuid ann an Ùig agus anns Na Hearadh a' leantainn orra a' toirt buaidh dheimhinneach sna coimhearsnachdan aca. Tha planaichean tomhaiseil nan àite aig gach urras, a tha a' ceangal ri cinn-uidhe ro-innleachdail an ùghdarrais ionadail. Tha am buidheann Còmhla a tha air a ruith le pàrantan a' tabhann fòram agus taic luachmhor do phàrantan, ann an Ceann a Tuath Leòdhais, aig a bheil clann le feumalachdan taic a bharrachd. Tha buidhnean coimhearsnachd a' leantainn orra a' leasachadh a' bhun-structair ionadail. Tha Comunn Eachdraidh Nis agus Comann Eachdraidh Cheann an Loch le chèile air crìoch a chur air ath-leasachadh an togalaichean. Tha na goireasan ùra ioma-adhbhair sin, cafaidhean agus àiteachan ionnsachaidh comasach air a bhith a' dèiligeadh ri raon nas fharsaing de fheuman ionadail.

Ach, is e glè bheag de dh'adhartas a tha dèante ann an leasachadh cho-chuimsean agus cuimsean coileanaidh gus làn bhuaidh CLD a ghlacadh nas fheàrr. Chan eil ann ach cothrom cuibhrichte air adhartas a nochdadh an aghaidh bhuilean planaichte no an luach a bharrachd a tha an lùib CLD a chomharrachadh. Feumaidh stiùirichean CLD a-nis beachdachadh air an dòigh as fheàrr dhaibh a bhith ag obair le com-pàirtichean CLD gus a bhith a' measadh, a' tuigse nas fheàrr agus an uair sin a bhith a' sgrùdadh an diofair a tha modh-obrach CLD a' dèanamh thar roinn an ùghdarrais. Cuidichidh seo le taic a chur ri leasachadh air riaghlachas

làidir agus meadhanan aithris airson CLD. Chan eil am plana CLD trì-bliadhna a tha ann an-dràsta comasach gu leòr a thomhas agus tha a' mhòr-chuid de luchd-obrach agus chom-pàirtichean dhen bheachd gu bheil am plana ionnsramaideach ann a bhith a' stiùireadh no a' fiosrachadh an cuid obrach. Tha feum ann dèanamh cinnteach gum bi planaichean, an dà chuid feadhainn a tha ann an-dràsta agus feadhainn a thig ri linn chom-pàirteachasan ùra, a' cuimseachadh air builean, comasach an tomhas agus gu bheil loidhnichean aithris a tha soilleir agus air an deagh cho-phàirteachadh ann. Bu chòir luaths na h-obrach ann a bhith a' leasachadh phlanaichean gnìomh an luchd-obrach fa leth, air am fiosrachadh le feumalachdan ionadail agus tùs-amasan ro-innleachdail, a-nis a bhith air a ghluasad air adhart. Tha oifigearan aig ìre thràth ann a bhith a' leasachadh prìomh chomharran coileanaidh a bhios comasach air adhartas a thomhas nas mionaidiche agus treandan atharrachaidh a chomharrachadh. Ro thrì chan eil sgiobaidhean agus com-pàirtichean mothachail air dè a bhios a' tachairt don dàta a tha iad a' toirt seachad aig an àm seo no mar a b' fheàrr a b' urrainnear a chleachdadh airson adhartas a stiùireadh. Feumaidh an raon seo a-nis a bhith air a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na tha gach neach fa leth agus gu coitcheann a' cur ri CLD air a chlàradh agus air aithneachadh.

3. A bheil stiùir shoilleir aig coimhearsnachd Comhairle nan Eilean Siar?

Chan eil stiùir solar CLD tarsainn CLD sna h-Eileanan Siar soilleir gu leòr. Ged a tha com-pàirtichean a' dèanamh adhartas a thaobh cuid de thaobhan den obair, tha feum aig riaghladh agus dèanadas CLD thairis air roinn an ùghdarrais, a' leantainn air le feum air leasachadh cudromach.

4. Dè a thachras a-nis?

Leis gu bheil sinn misneachail gu bheil an solar a thaobh luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan a' fantainn aig ìre de dheagh chàileachd, cha dèan sinn tuilleadh sgrùdaidh a thaobh nan taobhan sin den obair. Ach, chan eil adhartas gu leòr air a bhith ann a thaobh dà phrìomh raon aig an robh feum air leasachadh a rèir na h-aithisg a chaidh a dhèanamh a-cheana. Mar thoradh air sin, tadhailidh sinn a-rithist mu 12 mìos on thèid an aithisg seo fhoillseachadh gus sùil a chumail air adhartas a thaobh nan raointean sin.

Alona Murray
Neach-sgrùdaidh na Banrigh
2 Dùbhlachd 2019

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirc Gnìomhachais
Slighe Almondvale
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

T +44 (0)131 244 4330
E enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

<https://education.gov.scot>

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin, 2019

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach a-mhàin na dealbhan agus na suaicheantasan) an-asgaidh ann am fòrmat no meadhan sam bith, fo chumhachan Cead Riaghaltais Fhosgailte ma thèid ath-riochdachadh gu neo-cheartach agus gun a bhith ann an co-theacsa air a dhroch stiùireadh. Feumar gabhail ris gu bheil an stuth fo dhlìghe-sgrìobhaidh Foghlam Alba agus feumaidh tiotal an sgrìobhainn a bhith air ainmeachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, tadhailibh air <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-dealain gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air fiosrachadh dlighe-sgrìobhaidh treas pàrtaidh a chomharrachadh feumaidh sibh cead bhon fheadhainn aig a bheil cead airson an stuth sin.